

Mar a Fhuair Fionn a-rithist an Cù Glas

Air a dheasachadh le Ruairidh MacIlleathain

Fad: 7.35

Latha a bha seo, bha Fionn agus a chuid daoine air a' bheinn-sheilg. Mharbh iad dòrlach math fhiadh. Bha iad deiseil airson a dhol dhachaigh, nuair a chunnaic iad Gille Mòr a' tighinn far an robh iad. Bheannaich e Fionn agus bheannaich Fionn esan.

Dh'fhaighnich Fionn dheth cò às a thàinig e agus dè bha e ag iarraidh.

'Is gille mi a thàinig on ear agus on iar a dh'iarraidh maighstir,' ars an Gille Mòr.

'Bu toigh leam gille a bhith agam, ceart gu leòr,' thuirt Fionn. 'Dè an duais a bhiodh a dhìth ort an dèidh latha is bliadhna?'

'O, cha mhòr sin,' ars an Gille. 'Chan iarrainn ach gun rachadh tu fhèin, an ceann an latha is bliadhna, gu ruige lùchairt Rìgh Lochlainn, gun chù, laogh, leanabh, armachd no neach-taic a thoirt leat. Cha bhiodh ann ach thu fhèin.'

A chur an sgeòil an giorrad¹, dh'fhastaich Fionn an Gille, a bha na sheirbheiseach dileas dha gu ceann an latha agus bliadhna.

Air madainn an latha mu dheireadh dhen ùine sin, dh'fhaighnich an Gille Mòr de Fhionn an robh e riarachaidh le a chuid seirbheis. Thuirt Fionn gun robh. 'Uill, ma-thà,' ars an Gille, 'tha mi an dòchas gum faigh mi mo dhuais, agus gum falbh thu leam mar a gheall thu.'

'Gheibh thu do dhuais, agus thèid mi leat,' dh'aontaich Fionn. Chaidh e a dh'innse do na Fianna² gum biodh e air falbh on dachaigh airson latha is bliadhna. Mura tilleadh e, thuirt e, bha e an dòchas gun rachadh slugh le claidheamhnan is boghaichean gu Tràigh Mhòir Lochlainn³ airson dìoghaltas fhaighinn air a bhàs-san. Dh'fhàg e beannachd aig na Fianna agus chaidh e a-steach don taigh aige airson dèanamh deiseil.

Bha an t-Amadan aige an sin, na shuidhe ri taobh an teine. Thuirt Fionn ris, 'A dhuine bhochd, a bheil thu duilich gum bi mi a' falbh?'

Bha an t-Amadan a' caoineadh agus thuirt e gun robh e dha-rìribh duilich gun robh Fionn a' falbh. Bheireadh e comhairle air Fionn nan gabhadh Fionn i.

'Gabhaidh mi do chomhairle,' arsa Fionn, 'oir is minig a bhios comhairle an rìgh ann an ceann an amadain. Dè do chomhairle?'

'Thoir leat slabhraidh òir Bhraìn⁴,' thuirt an t-Amadan. 'Cha chù i, cha laogh no leanabh i, chan armachd no neach-taic i.' Dh'aontaich Fionn an t-slabhraidh a thoirt leis.

Bha an Gille Mòr a' feitheamh ris aig an doras. Dh'fhalbh iad air an t-slighe gu ruige Lùchairt Rìgh Lochlainn, leis a' Ghille air thoiseach, oir 's e a bha eòlach air an rathad. Uill, ged a bha Fionn luath air a chasan, bha an Gille Mòr na bu luaithe buileach, agus cha do ghlac Fionn e gus an do ràinig iad deireadh an turais.

Bha Fionn claidhte nuair a ràinig e an lùchairt. Cha d' fhuair Fionn fàilte, ge-tà. Bha na h-uaislean anns an lùchairt a' bruidhinn mun dòigh a bu thàmailtiche a chuireadh iad Fionn gu bàs. Bha iad a' còmhradh mu a chrochadh, a losgadh gu bàs no a bhàthadh. Mu dheireadh dh'èirich fear gu a chasan. 'Dh'fhaodamaid bàs na bu thàmailtiche a thoirt dha na gin dhiubh sin,' thuirt e.

'Dè?' dh'fhaighnich càch.

'Cuiridh sinn suas don Ghleann Mhòr e,' thuirt e. 'Agus thèid a chur gu bàs leis a' Chù Ghlas.⁵ Chan eil càil nas tàmailtiche do na Fianna na rìgh aca a bhith air a chur gu bàs le madadh.'

Dh'aontaich càch ris a' bhreith sin. Dh'fhalbh iad le Fionn suas don Ghleann Mhòr far an robh an Cù Glas a' fuireach. Chual' iad donnalaich a' choin agus ghabh iad eagal oir bha e fiadhaich, allaidh. Dh'fhàg iad Fionn an sin agus theich iad.

Cha b' urrainn do Fhionn teicheadh, ge-tà. Rachadh a chur gu bàs leis na Lochlannaich nan dèanadh e sin. Bha e a cheart cho math dha tuiteam aig fiaclan biorach a' Choin Ghlais. Mar sin, dh'fhuirich e far an robh e.

Bha an Cù Glas a' tighinn ga ionnsaigh le a chraos⁶ fosgailte. Bha gach smut a chuireadh e às a shròin a' losgadh a h-uile càil trì mìle roimhe. Bha teas analach a' dèanamh cron air Fionn agus thuig an gaisgeach gun robh e ann an cunnart a bheatha.

An uair sin, chuimhnich e gun robh slabhraidh òir Bhraim aige. Thug e a-mach i agus chrath e i. Stad an Cù agus thòisich e air earball a bhogadh.⁷ Thàinig e far an robh Fionn agus dh'imlich e gach lot a bh' air a' ghaisgeach gus an do leigheis e le theanga na loisg e le anail. Chuir Fionn slabhraidh Bhraim timcheall amhaich a' Choin Ghlais agus choisich iad gu sìtheil, socair sìos an gleann.

Aig bonn a' ghlinne, bha bodach is cailleach a' fuireach. Bhiodh iad gu tric a' biathadh a' Choin Ghlais. Bha a' chailleach aig an doras agus chunnaic i Fionn agus an Cù Glas a' tighinn ga h-ionnsaigh. Leum i a-steach don taigh, a' gladhaich agus a' bualadh a basan.

'Dè tha dol?' dh'fhaighnich am bodach.

'Duine cho eireachdail 's a chunnaic mi riamh,' thuirt i. 'A' tighinn leis a' Chù Ghlas na chois, agus slabhraidh air.'

'Feumaidh gur e sin Fionn mac Cumhail,' thuirt am bodach, 'agus slabhraidh òir Bhraim aige.'

Cha b' fhada gus an do ràinig Fionn agus an Cù an taigh, far an d' fhuair iad fàilte mhòr. Thuirt a' chàraid gum biodh iad toilichte nam biodh Fionn a' fuireach aca gus am biodh an latha is bliadhna seachad.

Aig deireadh an latha is bliadhna, chaidh a' chailleach a-mach is sheas i air cnoc làimh ris an taigh. Chunnaic i sluagh anabarrach mòr shìos taobh na mara, air Tràigh Mhòr Lochlainn.

Thill i don taigh agus thuirt i gun robh sluagh a' feitheamh air an tràigh. 'Tha aon fhear claon, ruadh⁸ ann,' thuirt i. 'Cha chreid mi gu bheil gaisgeach nas motha ann na esan.'

'O,' thuirt Fionn, 'sin agad mo chuideachd ghràdhaichte, na Fianna!' Le sin, dh'fhalbh Fionn agus an Cù Glas chun na traghaid. Nuair a chunnaic na Fianna iad, thog iad iolach mhòr ghàirdeachais.⁹ Agus ma bha an fhàilte eadar Fionn is na Fianna blàth is càirdeil, cha bu lugha na sin a bha an fhàilte a chuir Bran agus an Cù Glas air a chèile, oir 's e bràithrean a bh' annta, agus bha iad a-nise còmhla a-rithist.

Ainm na sgeulachd ann am Beurla: **How Fionn Once Again Found the Grey Dog.**

Notaichean:

Tha seo stèidhichte gu ìre mhòr air an sgeulachd *Mar Ghlèidh Fionn a Chuid Cloinne do dh'Òglach Mòr na Luinge, agus Mar a Fhuaras Bran* ann an *Waifs & Strays Vol III* p 1-16. Chaidh a chruinneachadh leis an Urr. Seumas MacDhùghaill bho Alasdair Camshron a bha na oibriche-rathaid eadar an Dùrar (san Apainn) is Bail' a' Chaolais ann an 1889-1890. Bhuineadh Camshron a dh'Àird nam Murchan. Fhuair e na sgeulachdan aige bho Dhòmhnall Mac-a-Phì agus bodaich eile air an robh e eòlach na òige.

1. *To cut a long story short.*
2. Anns an t-sreath seo, tha an deasaiche a' gabhail 'Na Fianna' (iolra) air na gaisgich, seach 'Na Fianntaichean' (iolra) no 'An Fhèinn' (singilte).
3. *The great strand of Lochlann.*
4. An cù aig Fionn.
5. Bràthair Bhrain.
6. Beul mòr (fosgailte).
7. *Wagging his tail.*
8. *A squint-eyed man with red hair.* Tha cuid dhen bheachd gum b' esan Oscar.
9. *They gave a great shout of joy.*

Tùsan eile:

How Fionn found Bran. *Waifs and Strays Vol IV* p 204-210.